

Reachd VI

Cinn-chinnidh agus Cinnidhean air an dèanamh nas coltaiche ri Sasannaich

Fo **Reachd VI**, dh'fheumadh **cinn-chinnidh** Ghàidhealach an t-**oighre** aca a chur chun na **Galltachd** gus Beurla ionnsachadh ann an sgoiltean **Pròstanach**:

VI. Gun cuireadh gach duine-uasal sna h-Eileanan am mac a bu shine aca gu sgoil air choreigin air Ghalldachd; agus gum biodh iad an sin gus am biodh iad comasach air Beurla a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh.



Thuir an **reachdas** seo gun cuireadh **Cinn-chinnidh**, agus **uaislean** eile, am mac a bu shine – no mura biodh mac aca, an nighean a bu shine – gu sgoiltean **Pròstanach** air **Ghalltachd**; an sin dh'ionnsaicheadh iad Beurla a leughadh, a sgrìobhadh agus a bhruidhinn an àite Gàidhlig. Leis gum biodh barrachd Beurla aca, mu dheireadh thall thigeadh Gàidheil gu bhith nam pàirt de **choimhearsnachd** na b' fharsainghe. Ach, thug an **sgaradh** bhon teaghlach aig aois sgoile droch bhuaidh air **siostram nan cinnidhean** leis gun robh an t-astar eadar na h-urracha mòra agus an fheadhainn a dh'fhàg iad air an cùl a' sìor fhàs. Thug an lagh seo **ùghdarras** bho na **cinn-chinnidh** leis gun robh beachdan gu math eadar-dhealaichte aig na Gàidheil nuair a thill iad chun na Gàidhealtachd agus dh'atharraich seo an **dòigh-beatha** thraidiseanta.





An SSPCK

www.storlann.co.uk/gaidhlig-alba